

Company Registration Number SC361752

Charity Registration Number SC002578

SABHAL MÒR OSTAIG  
FINANCIAL STATEMENTS  
31 JULY 2025

(A Company Limited by Guarantee)

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**

**COLLEGE INFORMATION**

<b>Directors</b>	Sine Millar Ghilleasbuig (resigned 14 March 2025) Professor Bryan Duncan MacGregor Angus Donald John Macquien MacInnes Angus Lamont MacLeod Calum Anthony Steele (appointed 14 March 2025) John Angus MacKillop Dr. Gillian Munro Roddy Neithercut Wilson Churchill McLeod Dr John Decker Forrest Dr Donalda Theresa McComb Fiona Dunn Kenina MacDonald (appointed 14 March 2025) Daniel Christopher MacRae (appointed 14 March 2025)
<b>Registered Charity number</b>	SC002578
<b>Registered Company number</b>	SC361752
<b>Registered office</b>	Colaiste Gaidhlig Na H-Alba An Teanga Sleite An T-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ
<b>Independent auditors</b>	AAB Audit & Accountancy Limited Chartered Accountants & Statutory Auditors 133 Finnieston Street Glasgow G3 8HB
<b>Bankers</b>	Bank of Scotland Inverness-shire IV40 8AB
<b>Solicitors</b>	Wright, Johnston & Mackenzie LLP 302 St Vincent Street Glasgow G2 5RZ

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
(A Company Limited by Guarantee)

**CONTENTS**

	Page
<b>Group Report</b>	4 - 29
<b>Statement of Corporate Governance and Internal Control</b>	30 - 33
<b>Statement of the Board of Directors Responsibilities</b>	34 – 36
<b>Independent Auditors' Report</b>	34 - 41
<b>Consolidated Statement of Comprehensive Income</b>	42
<b>Consolidated Balance Sheet</b>	43
<b>College Balance Sheet</b>	44
<b>Consolidated Statement of Changes in Equity</b>	45
<b>College Statement of Changes in Equity</b>	46
<b>Consolidated Statement of Cash Flows</b>	47
<b>Analysis of Net Debt</b>	48
<b>Notes to the Financial Statements</b>	46 - 70

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

### Facal-tòisich a' Chathraiche

Tha bliadhna chudromach eile air a bhith aig Sabhal Mòr Ostaig, le naidheachdan matha, dùbhlain is atharrachaidhean.

Chaidh obair mhòr a dhèanamh le luchd-obrach Sabhal Mòr Ostaig gus taic a chur ri Bile nan Cànan Albannach ann am Pàrlamaid na h-Alba: chuir sinn fianais sgrìobhte a-steach air diofar chuspairean a tha a' buntainn ri leasachadh a' chànan is a' chultair, thugadh fianais seachad aig ìre a h-aon dhen Bhile, chaidh mòran co-chomhairle a dhèanamh le diofar bhall pàrlamaid, agus rinneadh argamaid airson Sabhal Mòr Ostaig a bhith ainmichte sa Bhile.

Fhuair am Bile, san robh an earrann air taic dha Sabhal Mòr Ostaig, làn-thaic sa bhòt bho na pàrtaidhean is buill pàrlamaid uile ann an deasbad pàrlamaid tràth as t-samhradh 2025.

Tha an earrann mun t-Sabhal a' gealltainn taic an riaghaltais dha Sabhal Mòr Ostaig mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus gun tèid coimhead air ionmhas na Colaiste, agus gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air inbhe Sabhal Mòr Ostaig.

Rinn sinn gàirdeachas mòr san Dàmhair 2024, nuair a cheumnaich àireamh mhòr de dh'oileanaich Ghàidhlig le farsaingeachd de teisteanasan, bho phreantasachdan gu for-cheuman maighstireachd rannsachaidh. Tha Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail cho moiteil às ar luchd-ceumnachaidh agus ar luchd-obrach air fad a chùim taic ris na h-oileanaich tron ionnsachadh aca; bidh an luchd-ceumnachaidh, nan cuid obraichean agus beatha shòisealta, a' neartachadh saoghal na Gàidhlig tro na bliadhnaichean mòra ri thighinn.

Aig a' cheumnachd, chaidh aithne mar Shàr Ghàidheil a bhuileachadh air Anna Latharna NicGilliosa agus Ruairidh MacIlleathain, airson an cuid saothrach a thaobh cànan agus cultar na Gàidhlig.

Bhathas air leth toilichte fàilte a chur, aig toiseach 2025, air Mgr Ailean Esslemont, Stiùiriche TG4 ann an Èirinn, a thug seachad an Òraid Bhlidhnail aig an t-Sabhal, le taic bho Àrd-Chonsal na h-Èireann. B' e an cuspair a bh' aige: "Meadhanan Mhion-chànan – brìgh is buaidh".

An dèidh dhuinn làmh a chur ri Meòrachan Tuigse le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean 2024, chunnacas prògram beairteach de cho-obrachadh eadar an dà institiud nàiseanta, a thug cothroman do dh'oileanaich is luchd-obrach greisean-obrach a chur seachad ann an Dùn Èideann agus san Eilean

### Chair's foreword

The past year has been another significant year for Sabhal Mòr Ostaig, bringing good news, challenges and change.

Sabhal Mòr Ostaig staff worked hard to support the Scottish Languages Bill as it passed through different stages in the Scottish Parliament: we made written submissions on a range of topics in Gaelic development, gave testimony at stage 1 of the Bill, worked with different members of the Scottish parliament, and argued for Sabhal Mòr Ostaig to be named in the Bill.

The Bill – including the section naming Sabhal Mòr Ostaig – received full support in the parliamentary vote early in the summer of 2025.

The section naming Sabhal Mòr Ostaig states the government's will to support Sabhal Mòr Ostaig as the National Centre for Gaelic Language and Culture, and it commits to review funding and the status of Sabhal Mòr Ostaig.

In October 2024, Sabhal Mòr Ostaig celebrated the graduation of a large number of Gaelic graduates with a range of qualifications from apprenticeships to research Masters. The Sabhal Mòr Ostaig Board of Directors are very proud of our graduates and of our staff who supported the students during their studies; these graduates will, through their careers and social lives, continue to strengthen the Gaelic world in the years to come.

At the graduation, Anne Lorne Gillies and Ruairidh Maclean were given the honour of Sàr Ghàidheal - exceptional Gael – for their work for the Gaelic language and culture.

At the start of the year, 2025, we were delighted to welcome our Annual Lecture guest speaker, Mr Alan Esslemont, Director General of TG4 in Ireland; the lecture was also supported by the Consul General of Ireland. His topic was "Minority Language Media: its value and impact".

Following the signing of a Memorandum of Understanding with the National Library of Scotland in 2024, the past year brought a rich programme of collaboration between the two national institutions, that gave exchange opportunities to staff and students to work

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

### Group Report FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

Sgitheanach. Chaidh mòran a cho-phàirteachadh agus ionnsachadh eadar an dà institiud, agus leanaidh an obair seo tro na bliadhnaichean ri teachd.

A thaobh ionmhais, b' e bliadhna dhùbhlanach eile a bh' innte. A-rithist, bha feum air obair mhòr airson dìon a chur air obair na Colaiste bhon chron a dh'fhaodadh èirigh ri linn cion maoineachaidh. Chaidh sàbhalaidhean a lorg, agus chaidh sruthan maoineachaidh ùra a thoirt a-steach cuideachd. A-rithist, tha sinn fìor thaingeil dha luchd-obrach an t-Sabhail airson na h-obrach cruaidh aca, agus dha Riaghaltas na h-Alba.

Tha sinn fada an comain Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Foghlam Alba, Comhairle na Gàidhealtachd agus iomadh buidheann eile airson an cuid taice. Tha com-pàirtichean agus luchd-taice deatamach dhar prìomh cheann-uidhe, a bhith a' dìon agus a' neartachadh cànan is cultar na Gàidhlig, agus tha sinn air leth taingeil dhaibh airson an cuid taice.

Tha Bòrd Stiùiridh Sabhal Mòr Ostaig fada an comain ar sgioba obrach agus ar n-oileanaich airson an dealasachd is dìlseachd is lèirsinn airson ar cànan agus ar n-lonad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig.

Le misneachd agus dealasachd, tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri na tha ri dhèanamh; gu math fada a bhios Sabhal Mòr Ostaig soirbheachail.

together. This was extremely productive, with much being shared and learnt between the two institutions. This collaboration will continue in the years ahead.

In financial terms, it was another challenging year. Again, hard work was required to protect the College's work from the deleterious effects of a lack of funding. Savings were found, and new income streams were brought in. Again, we are extremely grateful to Sabhal Mòr staff for their hard work and to the Scottish Government.

We are very grateful to the Scottish Government, the Scottish Funding Council, Bòrd na Gàidhlig, the University of the Highlands and Islands, Education Scotland, Highland Council and to many other bodies for their support. Partners and supporters are essential to our mission, to protect and strengthen the Gaelic language and culture, and we are extremely grateful to them for their support.

The Board of Sabhal Mòr Ostaig is very grateful to our staff and students for their commitment and vision for our language and our National Centre for Gaelic Language and Culture.

With courage and passion, we now look forward to all that has to be done; long may Sabhal Mòr Ostaig continue to thrive.



Angus MacAonghais (Cathraiche)

Ceann-latha: 15/12/2025



Angus MacInnes (Chair)

Date: 15/12/2025

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

### Fiosrachadh laghail agus rianachd

#### Inbhe Laghail

Chaidh Sabhal Mòr Ostaig (a' Cholaiste) a stèidheachadh ann an 1973 agus chaidh a chlàradh ann an 1978 mar Urras Foghlaim Carthannach gus foghlam agus oideachadh na Gàidhlig a chur air adhart ann an coimhearsnachdan Gàidhlig agus coimhearsnachdan gun Ghàidhlig air feadh an t-saoghail. San Ògmhios 2009, chaidh Companaidh Earranta fo Bharantas a chur air bhonn agus chaidh dleastanasan uile an Urrais agus obair na Colaiste a ghabhail os làimh leis a' Chompanaidh bho 1 Lùnastal 2009. Fhuair an Companaidh cead am facal 'Earranta' fhàgail às an tiotal aige. Tha a' Cholaiste na buidheann-charthannais chlàraichte (Àireamh Buidhne-carthannais Albannaich SC 002578) a rèir Achd Tasgadh Bhuidhnean-carthannais agus Urrasairean (Alba) 2005.

#### Raon nan Aithrisean Ionmhasail Aonaichte

Tha na h-Aithrisean Ionmhasail Aonaichte a' gabhail a-steach obair gu lèir na Colaiste, a' gabhail a-steach na h-obrach aig an fho-chompanaidh, Sabhal Mòr Ostaig (Leasachaidhean) Earranta. Tha an Aithris Aonaichte airson Teachd-a-steach lomlan a' sealltainn nan toraidhean airson na bliadhna bho 1 Lùnastal 2024.

#### Ar Lèirsinn

Bidh Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, na ionad Gàidhlig bho bhun gu bàrr agus sinn a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha sàr-mhath gus an urrainn do ar n-oileanaich, luchd-obrach is luchd-com-pàirt a' Ghàidhlig a thoirt air adhart.

#### Math a' Phobail

Nuair a bha a' Bhuidheann Riaghlaidh a' stèidheachadh agus a' dèanamh sgrùdadh air cinn-uidhe ro-innleachdail na Colaiste, ghabh iad ealla iomchaidh ris an stiùireadh aig Oifis Riaghladair Bhuidhnean-carthannais na h-Alba (OSCR) a thaobh math a' phobail agus gu h-àraidh ris an leas-stiùireadh air adhartachadh foghlaim. Tha an stiùireadh a' cur an cèill mar a dh'fheumas gach buidheann a tha airson a bhith air aithneachadh mar bhuidhinn-charthannais sealltainn, gu soilleir, gu bheil na h-amasan aca a chum maith a' phobail.

Ann a bhith a' coileanadh a lèirsinn, tha a' Cholaiste a' toirt seachad nam buannachdan a leanas dhan phoball tro bhith a' toirt chùisean foghlaim air adhart:

- Teagasg sàr-mhath
- Barrachd chothroman com-pàirt a ghabhail ann am foghlam is raointean eile agus a' cur às do bhacaidhean a dhùineas daoine a-mach bhon

### Legal and administrative information

#### Legal Status

Sabhal Mòr Ostaig (the College) was established in 1973 and registered in 1978 as a Charitable Educational Trust for the purpose of promoting education and study of the Gaelic Language among Gaelic and non-Gaelic speaking communities throughout the world. In June 2009 a Company limited by Guarantee was formed and the entire undertaking of the Trust and operation of the College was transferred to the Company with effect from 1 August 2009. The Company has been given permission to exclude the word 'Limited' from its title. The College is a registered charity (Scottish Charity Number SC 002578) for the purposes of the Charities and Trustee Investment (Scotland) Act 2005.

#### Scope of the Consolidated Financial Statements

The Consolidated Financial Statements cover all activities of the College, including those of its subsidiary Company, Sabhal Mòr Ostaig (Developments) Limited. The Consolidated Statement of Comprehensive Income covers the results for the year from 1 August 2024.

#### Mission Statement

The College's mission statement reads: Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for the Gaelic Language and Culture, provides world-class immersive learning, research and cultural opportunities, which empower our students, staff and partners to champion Gaelic.

#### Public Benefit

In setting and reviewing the College's strategic objectives, the Governing Body has had due regard for the Office of the Scottish Charity Regulator's guidance on public benefit and particularly upon its supplementary guidance on the advancement of education. The guidance sets out the requirements that all organisations wishing to be recognised as charities must demonstrate, explicitly, that their aims are for the public benefit.

In delivering its mission, the College provides the following identifiable public benefits through the advancement of education:

- High-quality teaching
- Widening participation and tackling social exclusion
- Excellent employment record for students

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

- chomann-shòisealta
- Ìrean fastaidh fìor mhath am measg nan oileanach
- Siostaman-taice làidir do na h-oileanaich
- Ceanglaichean ri luchd-obrach, gnìomhachasan agus buidhnean coimeirsealta
- Strong student support systems
- Links with employees, industry and commerce

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson cur ris agus taic a thoirt do shaoghal na Gàidhlig a tha brìoghmhor, làn misneachd is a' dol am feabhas agus sinn a' misneachadh is a' brosnachadh oileanaich, luchd-obrach is a h-uile duine aig a bheil ceangal ris a' chànan gu bhith a' coileanadh nas urrainn dhaibh a thaobh cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig.

### Cinn-uidhe Ro-innleachdail

Tha na h-amasan ro-innleachdail a leanas ann am Plana Ro-innleachdail Sabhal Mòr Ostaig airson 2023-2028, a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid, gus a lèirsinn a thoirt gu buil mar an t-ionad nàiseanta airson cànan is cultar na Gàidhlig:

- 1. Ionnsachadh air leth sònraichte ann an Gàidhlig:** Cumaidh sinn oirnn a' togail coimhearsnachd smiorail Ghàidhlig – le luchd-labhairt misneachail, sgileil agus lèirsinneach a nì feum is diofar tron Ghàidhlig sna coimhearsnachdan is àiteachan-obrach aca.
- 2. Rannsachadh, sgoilearachd agus co-phàirteachadh eòlais:** Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sàr obair rannsachaidh agus nì sinn feum nach beag dhan Ghàidhlig agus do choimhearsnachdan Ghàidhlig tro rannsachadh is co-phàirteachadh eòlais a nì sinn ann an dòighean cruthachail is co-obrachail.
- 3. Ealain is cultar na Gàidhlig:** Cumaidh sinn oirnn a' cur ris an inbhe againn mar phrìomh ionad airson Ealain is Cultar na Gàidhlig, le bhith a' toirt taic do dh'obair ùr le luchd-obrach agus oileanaich agus le bhith ag obair còmhla ri sàr luchd-ealain is luchd-cruthachaidh agus buidhnean ealain.
- 4. Seasmhachd is riaghladh:** Cumaidh sinn oirnn a' cur ri seasmhachd ar n-obrach agus a' neartachadh ar structaran is modhan riaghlaidh mar bhuidhinn làidir, neo-eisimeilich Ghàidhlig.
- 5. Ar n-àrainneachd:** Bidh ar n-àrainneachd Ghàidhlig fhathast a' frithealadh air feumalachdan an luchd-cleachdaidh.
- 6. Co-chonaltradh is com-pàirteachas:** Bidh sinn nar tosgaire is nar riochdaire ùghdarrasail is buadhach dhan Ghàidhlig: a' coileanadh ar rùin, a'

Sabhal Mòr Ostaig seeks to contribute positively to a revitalized, thriving and self-confident Gaelic community by inspiring and motivating students, staff and all those who interact with it to realise their potential in terms of Gaelic language, culture and heritage.

### Strategic Objectives

Sabhal Mòr Ostaig recently launched its new 5-year Strategic Plan 2023-2028 with the following strategic aims to fulfil its mission as a national and international centre of excellence for the Gaelic language and culture:

- 1. Our unique and immersive Gaelic learning experience:** We will continue to grow a vibrant community of confident, skilled and ambitious Gaelic speakers who contribute effectively in Gaelic in their communities and workplaces.
- 2. Research, scholarship and knowledge exchange:** We will continue to deliver excellence in research and make a significant contribution to Gaelic and Gaelic communities through a creative and collaborative approach to knowledge discovery and exchange.
- 3. The Gaelic arts and culture:** We will continue to develop as a major hub for the Gaelic Arts and Culture, supporting the production of new work from staff and students and through collaboration with leading arts' practitioners and organisations.
- 4. Sustainability and governance:** We will continue to improve our sustainability and further develop our governing structures and processes as a thriving, independent Gaelic organisation.
- 5. Our environment:** Our Gaelic environment will continue to meet the needs of all our users.
- 6. Engagement and relationships:** We will continue to be an authoritative and influential Gaelic voice: living out our purpose, informing and being informed by our key stakeholders,

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

### Group Report FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

co-phàirteachadh fiosrachadh le ar prìomh luchd-ùidhe, agus a' neartachadh coimhearsnachd Sabhal Mòr Ostaig

and strengthening the Sabhal Mòr Ostaig community.

#### Lèirmheas obrachaidh airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Iuchar 2025 Operating review for the year ended 31 July 2025

##### Adhartas mu choinneimh targaidean Frèam nam Builean airson 2024-25

Sa Bhliadhna Acadaimigich (BA) 2024/25, bha a' Cholaiste ag amas air na prìomh thoraidhean a leanas a choileanadh:

- bhathar airson an àireamh de luchd-ionnsachaidh a tha a' dèanamh phrògraman FA aig SMO a chumail co-dhiù aig air an ìre a bh' againn sa BhA 2023/24, sin 1,009 creideasan. Chaidh an targaid seo a choileanadh. Chaidh 1,300 creideas a thoirt seachad sa BhA 2024/25.
- a' dèanamh adhartas mu choinneimh bhuilean PCNG buntainneach a thaobh Foghlam, Choimhearsnachdan agus Àiteachan-obrach tro obair le sgoiltean, inbhich a tha ag ionnsachadh, luchd-compàirt OGE, agus buidhnean poblach eile san sgìre againn agus gu nàiseanta gus seirbheisean is cothroman ionnsachaidh nas aonaichte a thoirt seachad. *Chaidh an targaid seo a choileanadh gu ìre mhòir, agus thathar ag obair air iomairtean eile ann an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA agus am BBC. Tha còmhraidhean gan cumail le diofar choimhearsnachdan gus barrachd obrach a dhèanamh sna raointean seo.*
- barrachd co-chonaltraidh ri sgoiltean aig ìre ionadail, sgìreil agus nàiseanta tro bhith a' leasachadh is a' leudachadh sheirbheisean fiosrachaidh, comhairleachaidh agus stiùiridh, gus am bi slighe an neach-ionnsachaidh nas soilleire, agus gus am bi barrachd oileanaich air an trusadh agus gus am bi fios aig barrachd dhaoine air na cothroman a th' ann a thaobh foghlam àrd-ìre is adhartach is obraichean Gàidhlig. *Chaidh an targaid seo a choileanadh gu ìre mhòir. Thadhail 15 sgoiltean oirnn am-bliadhna, agus bha dà bhuidhnean de sgoilearan againn aig tachartasan a chum sinn ann an com-pàirt ri Comunn na Gàidhlig. Bha na Làithean Fosgailte againn air leth trang agus chaidh am pròiseact Slighe gu Teagasg a chur an gnìomh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.*
- a' cumail oirnn a' libhrigeadh na h-aon àireimh

##### Progress against Outcome Framework targets for 2024-25

In AY 2024/25 the College aimed to deliver the following priority outputs:

- maintain the number of learners undertaking SMO FE programmes at the 1,009 credits that were achieved in AY 2023/24. This was achieved. A total of 1,300 credits were delivered in AY 2024/25.
- drive forward the delivery of relevant NGLP outcome areas related to Education, Communities and Workplace through activity with schools, adult learners, UHI partners, other public sector organisations regionally and nationally to increase coherence in learning provision. *This target was largely achieved, with further provision being developed in partnership with Bòrd na Gàidhlig, MG Alba and the BBC. Discussions are ongoing with a range of communities to develop further provision in these areas.*
- increase engagement with schools at local, regional and national level through the further development of information, advice and guidance services, clarifying the learner journey, and leading to increased student recruitment and awareness of tertiary Gaelic education and employment opportunities; *This target was largely achieved. 15 school visits were made in the year, and two school groups were hosted in collaboration with Comunn na Gàidhlig. Open Days were very busy and the Slighe gu Teagasg project was delivered with support from Bòrd na Gàidhlig.*
- maintain the number of Gaelic-language FE



## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

### Group Report FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

de chùrsaichean goirid FA Gàidhlig a bhios a' Cholaiste a' toirt seachad gus barrachd chothroman a thoirt do dhaoine fileantas a ruighinn agus gus barrachd chothroman ionnsachaidh a thabhann; *AIR A CHOILEANADH – Chaidh prògram nan Cùrsaichean Goirid a chur an sàs gu soirbheachail, le measgachadh de phrògraman air-loidhne agus air làrach na Colaiste, agus chlàr 886 oileanaich airson 93 Cùrsaichean Goirid.*

short courses provided by the College to provide more opportunities to gain fluency and increase access to learning; *ACHIEVED – The Short Courses programme was successfully delivered, comprising of a mix of face-to-face and online programmes, with a total of 886 student registrations on 93 Short Courses.*

- a' cumail oirnn a' toirt leasachadh is leudachadh air ar n-obair rannsachaidh, àrainneachd rannsachaidh a tha ga sìor leasachadh agus ag ullachadh airson an ath Fhrèam airson Sàr-mhathais ann an Rannsachadh (REF); *The luchd-obrach is luchd-rannsachaidh air a dhol an sàs ann an trèanadh is bùithtean-obrach gus cuideachadh le bhith obair ag air Sgrùdaidhean Buaidhe agus obair eile co-cheangailte ri REF; chaidh obair rannsachaidh cho-obrachail chudromach a dhèanamh còmhla ri institiudan com-pàirteach agus thathar ag obair air com-pàirteachasan eile a thaobh Co-phàirteachadh Eòlais (CE) san àm ri teachd; tha an Ceannard Rannsachaidh ag obair gu dlùth còmhla ri luchd-compàirt aig OGE air na h-ìrean eadar-amail de dh'Aonad 26 mar ullachadh airson REF 2029.*
- a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaiste air stèidh sheasmhach le bhith a' gleidheadh teachd-a-steach coimeirsealta agus a' cur ris an àireimh de dhaoine gun Ghàidhlig a chuireas eòlas air cànan agus cultar na Gàidhlig. Chaidh seo a choileanadh – *Tha sinn a' cumail oirnn le bhith a' toirt leudachadh is leasachadh air ar n-obair choimeirsealta, agus thàinig àrdachadh air an teachd-a-steach a gheibhear bho cho-labhairtean an coimeas ri 2023/24. Uile-gu-lèir, thàinig àrdachadh air an teachd-a-steach airson àiteachan-fuirich is seirbheisean-bidh an coimeas ri an-uiridh. Tha barrachd is barrachd dhaoine gun Ghàidhlig a' cur eòlas air a' chànan is air a' chultar, mar thoradh air an taic a bheir sinn do dh'iomairtean leithid Duolingo is SpeakGaelic, agus ri linn mar a thathar a' tairgse barrachd chothroman co-chonaltraidh, leithid nan cothroman do bhuidhnean de dhaoine a bhith a' tadhal air a' Cholaiste.*
- continue to develop research activities, the development of a research environment and commence preparations for the next Research Excellence Framework (REF); *Colleagues have participated in training and workshops working towards the development of Impact Case Studies and other REF-related activities; key research collaborations with partner institutions were achieved and in development towards future KE activity; Head of Research working closely with UHI partners towards interim stages of Unit 26 REF 2029 preparation.*
- ensure the continued sustainability of the College by sustaining commercial income and increasing non-Gaelic speakers' exposure to Gaelic language and culture. This was achieved – *Commercial activities continue to develop, seeing an increase in conferencing income compared to 2023/24. Overall accommodation and catering income increased compared to the prior year. Non-Gaelic speakers exposure continues to be increased by supporting initiatives like Duolingo and SpeakGaelic, and expanding engagement opportunities on site, including with visiting tour groups.*

#### Àireamhan nan Oileanach

Chuir a' mhòr, mhòr-chuid de na h-oileanaich crìoch air a' chùrsa no air an ionnsachadh aca gu soirbheachail agus tha a h-uile neach-obrach agus

#### Student Numbers

The vast majority of students completed their studies successfully and all staff and students deserve credit for their efforts.

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

oileanach airidh air am moladh airson na h-obrach a rinn iad.

### Cùrsaichean Fo-cheumnach

Bha 256 oileanaich clàraichte sna prògraman Fo-cheumnach againn ann an 2024-25, agus iad sin ionann ri 147.4 oileanaich FTE.

### Cùrsaichean Iar-cheumnach air an Teagasg

Chùm Sabhal Mòr Ostaig orra a' toirt leasachadh is leudachadh air cùrsaichean iar-cheumnach a tha air an teagasg agus a' cur ri àireamh nan oileanach air leithid a chùrsaichean, agus chaidh MEd ùr ann am Foghlam Gàidhlig a stèidheachadh, le taic bho Riaghaltas na h-Alba. Chlàraich 27 oileanaich airson a' chùrsa phàirt-ùine seo do thidsearan Gàidhlig.

### Foghlam Adhartach

Rinneadh na b' fheàrr na an targaid a bh' ann airson 1,009 creideas FA ann an 2024/25, chaidh 1,300 creideas a chosnadh. Chlàraich 379 oileanaich airson a' Chùrsa Inntigridh ann an 2024/25. Bha Preantasachdan Bun-ìre ann a-rithist sna Meadhanan Cruthachail is Didseatach agus Clann is Daoine Òga.

### Cùrsaichean Goirid 2024/25

Libhrig Sgioba nan Cùrsaichean Goirid taghadh farsaing de chùrsaichean air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh thar na bliadhna, agus chlàraich 886 oileanaich airson nan cùrsaichean sin. Bha àireamhan matha de dhaoine againn airson nan Cùrsaichean Goirid a chaidh a theagasg air làrach na Colaiste aig Àm na Càisge agus as t-samhradh.

Am measg nan cùrsaichean sònraichte a chaidh a thabhainn air làrach na Colaiste bha *Seachdain nan Teaghlach*, a chaidh a chumail ann an com-pàirt ri Comhairle na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig. Bha còrr is 100 neach an làthair airson na seachdain, eadar pàrantan is clann. Cuideachd, libhrig sinn cùrsaichean sònraichte eile airson diofar bhuidhnean foghlaim com-pàirteach, leithid Conservatoire Rìoghail na h-Alba.

### Leasachaidhean a thaobh Teagaisg is Ionnsachaidh

Chaidh aonta as ùr a chur ri Sgeama na Gàidhlig is Chuspairean Co-cheangailte (SGCC) ann an 2023, agus chaidh an Sgeama ùraichte a chur an sàs gu soirbheachail thar na bliadhna a dh'fhalbh.

Bha sinn a' libhrigeadh ceum Maighstireachd trì-bliadhna pàirt-ùine ann am Foghlam Gàidhlig do thidsearan Gàidhlig. Seo a' chiad cheum MEd dhen

### Undergraduate

A total of 256 students enrolled on our Undergraduate programmes in 2024-25, accounting for a total of 147.4FTEs.

### Taught Postgraduate

SMO has continued to strengthen postgraduate taught provision and numbers, with the introduction of the new MEd in Gaelic Education, with support from Scottish Government. A total of 27 students were registered for this part-time course for Gaelic teachers.

### Further Education

The 2024/25 FE credit target of 1,009 was exceeded with 1,300 credits achieved. In 2024/25, An Cùrsa Inntigridh had 379 students registered. Foundation Apprenticeships have continued in Creative and Digital Media and Children and Young People.

### Short Courses 2024/25

Our Short Courses Team delivered a range of online and face-to-face courses over the past session, with a total of 886 student registrations. Our on-campus Easter and Summer Short Courses were well attended.

Specialist courses on campus included *Seachdain nan Teaghlach*, Family Learning Week, delivered in partnership with the Highland Council and Bòrd na Gàidhlig, which had over 100 attendees, comprising parents and children. We also delivered specialist courses to a range of educational partners, such as the Royal Conservatoire of Scotland.

### Teaching and Learning Developments

The Gaelic and Related Studies scheme (GRSS) was successfully reapproved in 2023, and the revised Scheme was successfully delivered over the past session.

We delivered the three-year part-time Masters degree in Gaelic Education for Gaelic medium teachers. The MEd is the first degree of its kind in

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

t-seòrsa seo ann an Alba, agus a' chiad cheum Maighstireachd Foghlaim a tha air a theagasg gu tur ann an Gàidhlig.

Tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh obair mhòr a thaobh chothroman ionnsachaidh cànanais coimhearsnachd do dh'ìnbhich, tro bhith a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air aon de ar prìomh chùrsaichean, An Cùrsa Inntigridh, agus tro bhith a' stiùireadh na h-obrach gus susbaint acadaimigeach a chruthachadh do SpeakGaelic. Ann an 2024-25, rinn sinn leasachadh air a' Chùrsa Inntigridh gus a dhèanamh nas tarraingiche do na h-oileanaich, le bhith a' cur ris an àireimh de chlasaichean còmhraidh is ath-sgrùdaidh, a' foillseachadh cuairt-litir a' chùrsa dà thuras sa bhliadhna, agus le bhith a' cur Sgoil Shamhraidh a' Chùrsa Inntigridh air dòigh san Ògmhios 2025.

Chuir ar sgioba de luchd-leasachaidh chùrsaichean, fo stiùir a' Mhanaidseir Ionnsachaidh Inbheach, crìoch air a' churraicealam airson SpeakGaelic, iomairt nàiseanta a tha air a stiùireadh le MG ALBA ann an com-pàirt ris a' BhBC. Tha an sgioba an dùil stuthan sònraichte ullachadh mu choinneimh diofar amasan ionnsachaidh, agus bithear a' cur taic ris an obair gus barrachd chlasaichean coimhearsnachd a thabhainn.

Bha cothrom aig ar n-oileanaich chiùil taisbeanadh a dhèanamh air na comasan ciùil aca aig diofar thachartasan, leithid Òraid Bhliadhnail Sabhal Mòr Ostaig 2024.

Bha sinn air leth toilichte ùrachadh a dhèanamh air an aonta chom-pàrteach againn le Oilthigh Cheap Breatainn, a bheir cothrom do dh'oileanaich iomlaid a dhèanamh agus trom bi sinn a' co-phàirteachadh eòlas agus ag obair còmhla.

### An t-Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg

'S e a th' anns an Ionad Shàr-mhathais ann an Teagasg, pròiseact nàiseanta ùr a fhuair maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba, agus bidh Sabhal Mòr Ostaig a' riochdachadh Foghlaim Gàidhlig an lùib a' phròiseict, agus sinn ag obair ann an co-bhuinn ris a' phrìomh bhuidhinn chom-pàirtich, Oilthigh Ghlaschu.

'S e amas a' phròiseict cothroman ionnsachaidh proifeiseanta brìoghmhor a chruthachadh do thidsearan an lùib mheadhanan didseatach agus air-loidhne. Bheir an 'Hub Gàidhlig' taic do thidsearan Gàidhlig tro chothroman ionnsachaidh innleachdach.

Scotland, as it's the first Masters of Education degree to be taught entirely through the medium of Gaelic.

We continue to make significant contributions to adult language and community learning provision, through the redevelopment of our flagship course, An Cùrsa Inntigridh, and through leading the academic content creation for SpeakGaelic. In 2024-25 we worked to improve the An Cùrsa Inntigridh learner experience through expansion of conversation and revision classes, publication of a biannual course magazine, and delivering the An Cùrsa Inntigridh Summer School in June 2025.

Our team of course developers, overseen by the Adult Learning Manager, completed the curriculum for SpeakGaelic, a national initiative led by MG ALBA and in partnership with the BBC. The team plans to develop more targeted, customised materials, as well as supporting the roll-out of community classes.

Our music students showcased their talents at numerous events, including the annual Sabhal Mòr Ostaig Lecture 2024.

We were delighted to renew our partnership agreement with the University of Cape Breton, which will facilitate student exchanges as well as promoting intellectual exchange and collaboration.

### The Centre for Teaching Excellence

The Centre for Teaching Excellence is a new national project funded by the Scottish Government, and Sabhal Mòr Ostaig will represent Gaelic Education within the project, working in partnership with the lead partners, the University of Glasgow.

The project aims to create meaningful professional learning opportunities for teachers both digitally and online. The 'Gaelic Hub' will support Gaelic teachers through new innovative learning opportunities.

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report

FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

### Rannsachadh

#### *Oileanaich rannsachaidh iar-cheumnach*

Tha an àireamh de dh'oileanaich iar-cheumnach againn a' sìor dhol am meud, agus tha ceathrar oileanach làn-thìde agus dìthis oileanach pàirt-thìde againn a tha a' dèanamh PhD, agus iad uile air maoineachadh fhaighinn. Tha aon oileanach MRes clàraichte againn airson 2025/26. Cuideachd, tha luchd-obrach SMO nan stiùirichean do chòigear oileanach PhD a tha stèidhichte aig institiudan eile. Bha ar n-oileanaich PhD an sàs ann an rannsachadh agus co-labhairtean. Tha iad cuideachd air a dhol an sàs ann an obair CE leithid a bhith a' sgrìobhadh sa chobh chunbhalach aig Tobar an Dualchais ann am Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich.

#### **Leasachaidhean air an Oighreachd**

Chùm a' Cholaiste orra a' dèanamh adhartas cunbhalach a thaobh nam prìomhachasan a chaidh aontachadh airson na h-oighreachd agus obair-ghleidhidh airson na bliadhna seo. Nam measg bha:

- Obair èiginneach gus uinneagan ùra a chur a-steach air 5 ùrlaran san Tùr, sna cidsinean is sna seòmraichean-suidhe ann an àiteachan-fuirich nan oileanach. Chaidh crìoch a chur air an obair sin tràth san t-Sultain 2025.
- Thathar a' dèanamh adhartas math leis a' Phrògram airson Cothromachadh Carboin, agus an obair sin a' dol air adhart a rèir a' chlàir-ama agus a' bhuidseit, agus thèid na leanas a chur ann mar phàirt dhen phrògram: Pumpaichean-teas Èadhair, Goileadairean LPG ùra, na pìoban uile a bhios a dhìth airson sin, BMS agus bun-structair, pannalan-grèine agus Crann-gaoithe, agus thèid tòrr uinneagan ùra a chur a-steach cuideachd. Mar thoradh air seo, thèid cumhachd ath-nuadhachail a chruthachadh air feadh àrainn na Colaiste agus bidh tèarainteachd cumhachd againn agus thèid airgead a shàbhaladh cuideachd. B' urrainn dhuinn an obair seo a chur air adhart ri linn tabhartas calpa luach £2.49m a fhuair sinn bho Riaghaltas na h-Alba.
- Bha an togalach Fàs fhathast dùinte ri linn uireasbhaidhean ann an structair an togalaich. Tha am Plana Gnothachais mionaideach airson an togalach a chàradh a-nis air taic fhaighinn bho HIE is Riaghaltas na h-Alba agus tha an SFC air aonta a chur ris agus tha sinn an dòchas gum faighear aonta deireannach ris a' mhaoinachadh a dh'aithghearr gus an urrainnear tòiseachadh air an obair tràth ann an 2026. Tha e deatamach do ar n-obair agus ar

### Research activities

#### *Postgraduate research students*

Postgraduate numbers continue to grow, with a cohort of four full-time and two part-time PhD students, all funded. We have one MRes student enrolled for 2025/26. SMO staff are also involved in co-supervision of 5 PhD students based at other institutions. PhD students contributed to research activities and conferences. They have also participated in KE activities including contributions to Tobar an Dualchais' regular column in the West Highland Free Press.

#### **Estates Developments**

The College continued to make steady progress on a range of its agreed estates and capital maintenance priorities for the year. These included:

- The urgent replacement of the windows to the 5 storeys of the student kitchens & sitting rooms in the *An Tùr* (the Tower) student accommodation. This work was successfully completed in early Sept 2025.
- The Net Zero Programme of works is moving forward apace and is on time and on budget and will see the installation of new Air Source Heat Pumps, new LPG Boilers, all supporting pipework, BMS and infrastructure, solar panels and a Wind Turbine, along with an extensive and strategic programme of window replacements. This will introduce renewable energy generation across the campus and bring energy security and cost savings. This work has been enabled having secured a Scottish Government capital grant award of £2.49m.
- The Fàs Building has remained closed due to identified structural defects. The detailed Business Case has now been supported by HIE, Scottish Government and endorsed by SFC and we remain hopeful that the final agreement on the overall funding package will be imminent and enable a start on site in early 2026. The recommissioning of this SMO's largest building is critical to our ongoing work and to the delivery of our Strategic Plan. As well restoring the

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

### Group Report FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

Plana Ro-innleachdail gun tèid an togalach as motha aig SMO ath-leasachadh is a chàradh. A thuilleadh air na planaichean gus ath-leasachadh a dhèanamh air an togalach air fad, tha cothrom air a bhith againn gus beachdachadh as ùr air mar a ghabhas an togalach a chleachdadh san ùine air thoiseach a rèir amasan ro-innleachd ùr na Colaiste, agus gus Plana Cleachdaidh ùr ullachadh airson Fàs.

building fully this has also provided an opportunity for the reassessment of future use in line with the College's new strategy, and to develop an updated Fàs Utilisation Plan.

- Chùm a' Cholaiste orra a' dèanamh adhartas math mu choinneimh na targaid aca gus a' bhuaidh-charboin agus na sgaoilidhean carboin aca a lùghdachadh nan obair agus an lùib mar a thèid dealan a chosg, mar a bhios luchd-obrach is oileanaich a' siubhal, agus an lùib uisge is sgudail. B' e àireamh iomlan sgaoilidhean carboin na Colaiste airson na bliadhna aithris as ùire, 2024-25, a chaidh aithris do Riaghaltas na h-Alba, 250 tunna de CO2 (2023-24: 224 tunna).
- The College continued to make good progress in meeting its target for reducing its carbon footprint and associated carbon emissions from its ongoing operations and associated consumption of energy, water, refuse, staff and student travel. The College's gross carbon emissions for the most recent reporting year 2024-25 as reported to the Scottish Government were calculated as 250 tonnes CO2 (2023-24: 224 tonnes).
- Chaidh adhartas cunbhalach a dhèanamh leis an obair ghleidhidh is chàraidh a bha san amharc againn air feadh na h-oighreachd agus sinn a' dèiligeadh ri cùisean a chaidh a thogail o chionn ghoirid anns an Sgrùdadh aig Pick Everard air an Oighreachd.
- Steady progress has continued to be made in meeting our planned maintenance across the estate in responding to the issues raised in the recent Pick Everard Estates Condition Survey.

#### Fiosrachadh air a' Chill Bhig, baile ùr le taigheadas

'S e a th' anns a' Chill Bhig, a' chiad bhaile ùr a tha air a phlanadh, agus air a thogail, san Eilean Sgitheanach o chionn 100 bliadhna, pròiseact lèirsinneach a tha ag amas air coimhearsnachd dhùthchail, làidir a chruthachadh a bhios seasmhach agus anns am bi daoine a' fuireach a tha a' cur ris an eaconamaidh. Bidh cànan is cultar na Gàidhlig aig cridhe na coimhearsnachd seo agus sin a rèir prìomh amasan is lèirsinn Sabhal Mòr Ostaig.

Tro ar com-pàirteachas adhartach le Comhairle na Gàidhealtachd, Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan agus an companaidh priobhaideach, James MacQueen's Earranta, chaidh 29 dachaighean ùra a thogail is a thairgse. Bha na dachaighean seo rim faotainn aig prìs reusanta le measgachadh de roghainnean seilbh is gabhaltas, agus nas cudromaiche buileach rinn iad feum nach beag ann a bhith a' dèiligeadh ris mar a tha taigheadas aig prìs reusanta cho fìor ghann san sgìre. Thòisich obair air an làrach tràth ann an 2023 agus chaidh a crìochnachadh a rèir a' chlàir-ama agus a' bhuidseit

Chaidh an taigheadas ùr fhosgladh gu h-oifigeil air 20 Sultain 2024, far an robh an Leas-Phrìomh

#### Update on Kilbeg village housing development

Kilbeg Village, the first architecturally planned new village built in Skye in over 100 years, is an ambitious and iconic development which aims to create a vibrant, economically active and sustainable rural community which, in line with Sabhal Mòr Ostaig's wider core aims and mission, will have Gaelic language and culture at its heart.

Through our innovative partnership with Highland Council, the Communities Housing Trust and private sector contractor, James MacQueen's Ltd, we successfully delivered the development of 29 units of affordable housing offering a mix of ownership and tenancy models and, most importantly, helping to address the chronic shortage of affordable housing in the area. Work began on site in early 2023 and was completed on time and on budget.

The official opening took place on 20<sup>th</sup> Sept 2024, with the opening ceremony being conducted by the

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

Mhinistear, Ceit Fhoirbeis BPA an làthair gus an leasachadh taigheadais fhosgladh.

Deputy First Minister, Kate Forbes MSP.

Thathar an dòchas gun tòisichear obair air an ath ire de Bhaile na Cille Bige, Ceàrnag a' Bhaile, a dh'aithghearr agus thathar an dùil gun tòisichear obair togail tràth ann an 2026. Le seo, thèid 12-14 dachaighean ùra a chruthachadh a bhios rim faotainn aig prìs reusanta. Tha seo mar phàirt de phròiseact a tha ar luchd-compàirt, James MacQueen's Earranta, a' cur air adhart agus 's e leasachadh fo stiùir cunnradair a th' ann. Ach feumar fhathast cumail ri Meòrachan Tuigse, agus tha sin a' ciallachadh gu bheil 'Còraichean a thaobh Ciad Dhiùltadh' aig Sabhal Mòr Ostaig a thaobh tè sam bith de na dachaighean seo no iad uile. Thathar an dòchas gun urrainnear 9 dachaighean eile, a gheibhear aig prìs reusanta, a thogail mar thoradh air an rathad ùr a bhios a' dol gu pàirc-chàraichean Ceàrnag a' Bhaile, a bhios air cùl an leasachaidh ùir, agus tha sinn a' beachdachadh an-dràsta air mar a dh'fhaodar sin a thoirt air adhart mar 'phròiseact co-obrachail' eadar Sabhal Mòr Ostaig agus James MacQueen's Earranta.

### **Leabharlann Nàiseanta na Gàidhlig**

Thuir an Ridire Iain Nobail, a stèidhich a' Cholaiste bho thùs, gur e 'a' chiad bheachd-smuain' a bh' aige a thaobh Sabhal Mòr Ostaig gum biodh e na leabharlann Gàidhlig ann an Taobh Siar na h-Alba.

Chaidh an leabharlann a th' ann an-dràsta a thogail ann an 1998, agus tha e air a bhith na ghoireas glè fheumail bho chaidh a thogail do dh'oileanaich, luchd-obrach acadaimigeach agus do dhaoine eile; agus tha e na dhachaigh do chruinneachaidhean de leabhraichean tearc agus fìor phrìseil, cruinneachaidhean aig a bheil cliù eadar-nàiseanta agus a chaidh a thrusadh thairis air còrr is leth-cheud bliadhna le bhith a' ceannach leabhraichean agus ri linn fialaidheachd nan daoine a thug feadhainn dhuinn mar thiodhlac.

Tha sinne aig SMO air cur romhainn an goireas ùr, cudromach seo a stèidheachadh mar 'stòras nàiseanta', agus e na amas dhuinn a' chiad leabharlann nàiseanta Gàidhlig a chur air bhonn do dh'Alba. Chaidh tòrr den obair ullachaidh a thaobh seo a dhèanamh le bhith a' neartachadh chom-pàirteachasan ro-innleachdail le leabharlannan eile, gu h-àraidh, an com-pàirteachas ro-innleachdail eadar Leabharlann an t-Sabhail agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, agus tha Meòrachan Tuigse againn leotha. Cuideachd, bha còmhraidhean mionaideach againn mu na thathar a' moladh le taghadh farsaing de Mhinistearan is Oifigich aig àrd-ire bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas

The next phase of the Kilbeg development, *Cheàrnag a' Bhaile* (the Village Square), it is hoped will begin shortly, with an anticipated construction start on site early in 2026. This will create a further 12-14 units of affordable housing. This part of the development is being taken forward by our delivery partners, James MacQueen's Ltd as contractor led development but is the subject to a Memorandum of Understanding, giving Sabhal Mòr Ostaig 'Rights of First Refusal' over all or any of these apartments.

It is hoped that the building of a further 9 units of affordable housing will be facilitated by the new road serving the 'Village Square' carpark, to the rear of the new development, and we are currently looking at the possibility of this being taken forward as a 'joint venture' between Sabhal Mòr and James MacQueen's Ltd

### **National Gaelic Library**

Sir Iain Noble, the original founder of the College, described creating a Gaelic library in the West of Scotland as 'the original inspiration' for Sabhal Mòr Ostaig.

Built in 1998, the existing library has ably fulfilled its promise over its lifespan, serving the student body, academic staff and other users well; and enabling the building up of its international-standard holdings of rare and irreplaceable collections accumulated over half a century through purchase and generous donation.

SMO is committed to developing this important new facility as a 'national asset', with the aim of creating the first national Gaelic library for Scotland. Much of the early work in this regard has centred around developing key strategic partnerships with other libraries and, in particular, a strengthening of the strategic partnership between SMO library and the National Library of Scotland (NLS) with which we have an MOU. The proposals have also been the subject of detailed discussions with a wide range of senior Scottish Government, UK Government Ministers and Officials, and Local Authority Convenors, elected Members, Committee Chairs and Officials and the iconic proposal has been

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

na RA agus le Luchd-gairm, Comhairlichean, Cathraichean Comataidh agus Oifigearan bho Ùghdarrasan Ionadail, agus thug a h-uile duine aca seachad beachdan gu math taiceil a thaobh na tha sinn a' moladh.

extremely favourably received by all.

Leis mar a tha Riaghaltas na RA ùr ann, bha againn ri tuilleadh obrach a dhèanamh aig ìre phoilitigeach leis an amas iarrtas a chur a-steach gu Maoin Beairteis Chom-pàirtichte na RA, agus sinn a' conaltradh ri Rùnaire na h-Alba ùr agus an sgioba ministreil aige a thaobh sin. Thathar a-nis ag obair air Plana Gnothachais mar thaic dha sin.

The change of UK Government has meant a refocussing of the work undertaken at a political level with the aim of submitting an application under the UK Shared Prosperity Fund, through the newly-appointed Secretary of State for Scotland and his Ministerial Team. The supporting Business Case is now being developed.

**Pròiseactan nàiseanta**

Tha Sabhal Mòr Ostaig, mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, na dhachaigh do agus na phrìomh bhuidheann chom-pàirteach airson grunn phròiseactan nàiseanta, leantainneach Gàidhlig agus pròiseactan anns a bheil obair ga dèanamh a thaobh cultar, rannsachadh agus com-pàirteachadh eòlais, agus air a bheil iomradh gu h-ìosal.

**National projects**

Sabhal Mòr Ostaig, as the National Centre for Gaelic Language and Culture, is the host and lead partner for a number of national, longitudinal Gaelic language and culture-based research and knowledge exchange projects, which are described below.

*Facclair na Gàidhlig*

Rinn Facclair na Gàidhlig adhartas math sa bhliadhna acadaimigich 2024-25. Thòisich trì ùir luchd-deasachaidh ùra san Lùnastal 2024 (2.5 ILT) agus chaidh neach-deasachaidh eile fhadthad sa Ghearran 2025. Tha a h-uile neach-obrach ùr air crìoch a chur air an ùine-dhearbhadh sna dreuchdan aca agus tha iad a' cumail orra leis an trèanadh aca a thaobh mar a dh'ullaicheas iad inntridhean.

*Facclair na Gàidhlig / Dictionary of the Scottish Gaelic Language*

Facclair na Gàidhlig has made good progress during the academic year 2024-25. Three new editors started work in August 2024 (2.5FTE) and the team was further augmented with the recruitment of another editor in February 2025. All new staff have successfully completed their probationary periods and are continuing their training on entry writing.

Faisg air deireadh na bliadhna aithris, thuir an Àrd Neach-deasachaidh gun robh i airson an dreuchd àrd-ìre aice a leigeil dhìth gus am b' urrainn dhi barrachd obair facladaireachd a dhèanamh. Choinnich an sgioba ri luchd-obrach Sgiobachd agus na stiùirichean gus plana a chur air dòigh airson sin, agus chaidh aontachadh gun deigheadh na dleasan stiùiridh a roinn eadar an luchd-deasachaidh.

Towards the end of the reporting period, the Senior Editor indicated that she wished to step back from the Senior role and focus more on lexicographical work. The team met with HR and the directors to agree a plan to progress this, and it was agreed that the editorial team members would share the senior responsibilities among them.

Eadar an Lùnastal 2024 agus an t-luchar 2025, chaidh 23 inntridhean ùra (barrachd na an targaid, 20) a chur ri làrach-lìn Facclair na Gàidhlig, tha 46 uile-gu-lèir ann a-nis.

Between August 2024 and July 2025, we added 23 new entries (exceeding the target of 20) to the Facclair na Gàidhlig website, bringing the total to 46.

Lorg Neach-leasachaidh nan Siostaman trioblaidean coileanaidh ann an Eadar-aghaidh Prògramaidh a' Bhathair-bhuig (API) a thug an luchd-comhairleachaidh, Evolved Binary, dhuinn agus dh'obraich iad gu dlùth còmhla gus fuasgladh fhaighinn orra agus ìrean coileanaidh a leasachadh. Chaidh leasachaidhean eile a dh'fhaodar a chur an sàs a chomharrachadh, agus tha sinn air aontachadh a bhith ag obair còmhla

The Systems Developer uncovered performance issues with the Application Programming Interface (API) provided by the consultants, Evolved Binary, and they worked closely together to fix these issues and improve performance. Further possible improvements have been identified, and we have agreed to work together into the year 2025-26 to ensure that Meanma software for the dictionary is developed into a first-class work tool for historical

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

riutha sa bhliadhna 2025-26 gus dèanamh cinnteach gum bi am bathar-bog, Meanma, air a bheilear ag obair airson an fhaclair na ghoireas fìor mhath do dh'fhacladairean.

lexicographers.

Chùm Neach-leasachaidh nan Siostaman air ag obair gus làrach-lìn an Fhaclair a dhèanamh cho goireasach 's as urrainn, agus gabhaidh inntidhean a stòradh ann an stòr-dàta far a bheil e furasta do luchd-deasachaidh an cumail agus an ùrachadh. Am measg nan goireasan ùra, tha inneal-blog gleusta agus glè fheumail.

The Systems Developer completed work on making the Faclair website fully dynamic, with entries to be stored in a database for easy maintenance and updating by the editors. This new functionality also provides a fully-featured dynamic blogging engine.

Choinnich a' Chomataidh Deasachaidh aghaidh-ri-aghaidh airson a' chiad uair bho bha Covid ann.

A face-to-face Editorial Committee meeting took place for the first time since before the pandemic.

### *Tobar an Dualchais*

'S e a th' ann an Tobar an Dualchais (TAD), an goireas air-loidhne aig Alba airson clàraidhean-fuaime de dhualchas na h-Alba a chur fo chomhair an t-saoghail agus sanasachd a dhèanamh orra. 'S e as motha a gheibhear ann: òrain, ceòl, eachdraidh, bàrdachd, beul-aithris agus sgeulachdan bho na 1930an air adhart. Tha na clàraidhean a' tighinn bho thrì prìomh thasglannan: Sgoil Eòlais na h-Alba, Cruinneachadh Chanaigh agus BBC Rèidio nan Gàidheal. Tha còrr is 47,000 clàradh ann an-dràsta ann an Gàidhlig, Albais agus Beurla.

### *Tobar an Dualchais / Kist o Riches*

Tobar an Dualchais - Kist o Riches (TAD) is Scotland's online resource dedicated to the presentation and promotion of audio recordings of Scotland's cultural heritage. Its principal content, including songs, music, history, poetry, traditions, and stories from the 1930s onwards, is made up of material from three main archives: The School of Scottish Studies, The Canna Collection and BBC Radio nan Gàidheal and currently includes over 47,000 individual recordings in Gaelic, Scots, and English.

Thar na bliadhna, tha TAD air còrr is 500 clàradh ùr a chur ris an stòras, a' gabhail a-steach tòrr de dh'òrain is sgeulachdan Gàidhlig nach eil air an seinn no air an aithris tuilleadh san latha an-diugh agus a tha glè chudromach do chultar na Gàidhlig. Cuideachd, chaidh 500 tar-sgrìobhadh ùr a chur ris a' ghoireas tro chom-pàirteachas sònraichte le Oilthigh Dhùn Èideann, far a bheilear a' dèanamh feum de na tar-sgrìobhaidhean gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh teicneòlas a chuireas Gàidhlig labhairteach ann an cruth teacsa. Chaidh tachartasan coimhearsnachd a chumail am-bliadhna san Eilean Sgitheanach, Uibhist a Deas, Geàrrloch agus Glaschu. Chùm TAD an cùrsa aca, Ceanglaichean Cruthachail, ann an Uibhist a Deas far an robh còrr is 40 an làthair, agus b' e sin a' chiad uair a chaidh an cùrsa a chumail aghaidh-ri-aghaidh an sin. Mar phàirt dhen chom-pàirteachas aca ris a' bhuidhinn choimhearsnachd chultaraich, Ceòlas, chaidh cuir-m-chiùil a chumail le ceòl is òrain ionadail bho oileanaich bho Shabhal Mòr Ostaig, luchd-ciùil ionadail agus sgoilearan bho Sgoil Dhalabroig. Cuideachd, chaidh pròiseact togarrach ùr a chur air bhog ann an co-bhuinn ri Eden Court ann an Inbhir Nis, far an deach seinneadair Gàidhlig agus seinneadair Albais a thaghadh gus rannsachadh a dhèanamh air na clàraidhean agus òran ùr a sgrìobhadh agus

Over the course of the year TAD has added over 500 new recordings to the resource including many culturally important Gaelic songs and stories that are no longer in use today. 500 new transcriptions have also been added through a unique collaboration with the University of Edinburgh, where transcriptions will also be used to support the development of Gaelic speech to text technology. This year community events took place in Skye, South Uist, Gairloch and Glasgow. In South Uist TAD hosted their Creative Connections course in person for the first time and over 40 people attended. As part of this collaboration with Gaelic Community Cultural organisation Ceòlas, a concert was hosted where students from Sabhal Mòr Ostaig, local performers and school children from Sgoil Dhalabroig performed music and songs from the local area. An exciting new project was also launched in collaboration with Eden Court in Inverness, where a Gaelic singer and a Scot's singer were selected to explore the resource and compose a new song which they were then able to perform at the Under Canvas Festival at Eden Court.



**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

chluich iad an t-òran sin aig an Fhèis fon Chanabhas aig Eden Court.

Tha sinn a' cumail oirnn a' foillseachadh artaigil gach mìos ann am Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich sam bithear a' beachdachadh air diofar chlàraidhean agus an luach a th' anna do dhaoine san latha an-diugh. Agus thathar a' faicinn barrachd thoraidhean obrach tarraingeach is tlachdmhor a bhios a' tighinn bhon chom-pàirteachas againn le ATLAS Arts airson Neach-ealain air Aoigheachd.

*Ainmean-Àite na h-Alba*

'S e Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite ann an Alba. 'S e prìomh amas na buidhne riochdan cearta is cunbhalach de dh'ainmean-àite Gàidhlig a thoirt seachad airson shoidhnichean is nithean foillsichte eile. Tha seo a' gabhail a-steach [stòr-dàta](#) de dh'ainmean-àite rannsachta a tha ri fhaotainn dhan phoball air-loidhne.

Tha AÀA a' cumail orra a' toirt seachad seirbheis chudromach do thaghadh farsaing de dhiofar bhuidhnean, leithid Chomhairlean, Phàircean Nàiseanta agus Bòrd na Gàidhlig. Tha iad air 41 mapaichean airson Phlanaichean Gàidhlig ullachadh ann an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig agus tha iad rim faighinn air [làrach-lìn AÀA](#). Cuideachd, tha AÀA air crìoch a chur air a' phròiseact Coilltean Caillte ann an com-pàirteachas ri NàdarAlba agus Coilltearachd is Fearann Alba agus chaidh grunn aithrisean-naidheachd a dhèanamh air a' phròiseact. Bha am pròiseact ag amas air fearann a chomharrachadh a bhiodh freagarrach airson choilltean ùra tro rannsachadh air ainmean-àite. Gheibhear toraidhean a' phròiseict air [làrach-lìn AÀA](#).

Tha AÀA air cùrsa tòiseachaidh leth-latha a chruthachadh air ainmean-àite Gàidhlig a tha airson na roinne poblache. Thuige seo tha AÀA air a' bhùth-obrach a thoirt seachad airson luchd-obrach NàdarAlba agus Coilltearachd is Fearann Alba tro 12 cùrsa, an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne. Fhuaras moladh mòr air na cùrsaichean seo agus tha CFA air iarraidh air AÀA cùrsa nas mionaidiche a libhrigeadh thairis air 8 seachdainean do luchd-obrach CFA aig a bheil ùidh ann. Thèid an cùrsa seo a thoirt seachad tràth ann an 2026. Cuideachd, bha sinn a' teagasg nan cùrsaichean goirid againn air ainmean-àite mar phàirt de chùrsaichean goirid samhraidh SMO agus na cùrsaichean

We continue to publish monthly features in the West Highland Free Press which explores the relevance of different recordings today. And our highly successful collaboration with ATLAS Arts which employs an Artist in Residence over a period of 6 months continues to generate exciting new creative work.

*Ainmean-Àite na h-Alba*

Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) is the national advisory partnership for Gaelic place-names in Scotland. Its primary aim is to provide correct and consistent forms of Gaelic place-names for signage and other published materials. This includes an online [database](#) of researched place-names which is available to the public.

AÀA continues to provide an invaluable service advising on place-names to a broad number of groups, including Councils, National Parks and Bòrd na Gàidhlig. 41 Gaelic Plan maps have been completed in partnership with Bòrd na Gàidhlig and are available on the [AÀA website](#). AÀA completed the Forgotten Woodlands project in partnership with NatureScot and Forestry and Land Scotland which received substantial media coverage. A project's aim was to identify land that may be suitable for planting new woodland through the means of toponymic research. The findings of the project can be accessed on the [AÀA website](#).

AÀA has developed a half day introductory course on Gaelic place-names aimed at the public sector. To date AÀA has delivered the workshop to NatureScot and Forestry and Land Scotland staff through a total of 12 courses, both in-person and online. These courses have received very positive feedback and have resulted in FLS requesting delivery of the more in-depth 8 week online course for interested FLS staff. This course will be delivered in early 2026. We also successfully delivered our place-name short courses as part of SMO's summer short courses and online winter courses.

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

geamhraidh air-loidhne aca.

Seo an treas bliadhna a tha sinn air a bhith a' cur nam bùithtean-obrach, Facal is Fearann, air dòigh, pròiseact a chaidh a chruthachadh ann an com-pàirt ri Comhairle na Gàidhealtachd agus bithear a' cur bhùithtean-obrach air dòigh gach Sultain ann an sgoiltean air Taobh Siar na Gàidhealtachd. Tha na bùithtean-obrach seo ag amas air sgoilearan bho P5 gu ÀS2.

Chùm AÀA orra a' toirt òraidean seachad an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, agus mar phàirt de sin rinn iad obair còmhla ri coimhearsnachdan ann an àiteachan leithid An Eaglais Bhreac agus An t-Sròn Reamhar agus dh'obraich iad còmhla ri buidheann bho Rinn Mhuintir Bhàire ann an Iarthar Chorcaí nuair a thadhail iad air Gall-Ghàidhealaibh. Thugadh òraidean seachad aig Co-labhairt an Earraich aig Comann Ainmean-àite na h-Alba, Co-labhairt an Earraich aig a' Chomann Eòlas-ainmean ann am Breatann is ann an Èirinn agus aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann.

Tha obair a' leantainn gus stuthan fhoillseachadh agus thathar a' dèanamh deasachadh deireannach an-dràsta air tar-sgrìobhaidhean de phàipearan a sgrìobh W.J. Watson nach deach fhoillseachadh. Thathar an dùil gun tèid an leabhar fhoillseachadh sa Chèitean 2026. Tha na stuthan mu ainmean-àite aig [Diack](#) uile air an tar-sgrìobhadh agus tha obair ga dèanamh gus tasglann air-loidhne a chruthachadh airson nan stuthan sin.

### **Soirbheas sna h-Ealain**

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cumail orra a' cur air dòigh agus a' toirt taic do chothroman do luchd-ealain na Gàidhlig a thighinn a dh'obair ann an coimhearsnachd Ghàidhlig far am faigh iad taic agus far am bi iad air an cuairteachadh leis a' chànan. Thar nam bliadhnaichean, tha Luchd-ealain air Mhuinntireas aig an t-Sabhal Mhòr air buaidh anabarrach mòr a thoirt air adhartachadh nan Ealain Gàidhlig agus iad air brosnachadh a thoirt do luchd-ealain Gàidhlig òga agus ùra. Tha Sabhal Mòr Ostaig air grunn de na prògraman aca a libhrigeadh tro chom-pàirteachasan ro-innleachdail le caochladh dhiofar bhuidhnean ealain, aig ìre ionadail, sgìreil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Tha Sabhal Mòr cuideachd a' tabhainn sgoilearachd ealain lèirsinne eadar-nàiseanta ann an co-bhuinn ri Urras Jon Schueler bho New York, pròiseact a tha air soirbheachadh gu mòr, agus a tha air ùidh a thogail am measg luchd-ealain lèirsinne aig a bheil cliù eadar-nàiseanta agus SMO

The Facal is Fearann Schools workshops, created in partnership with Highland Council, are now in their 3<sup>rd</sup> year with workshops being delivered to West Highland schools every September. Workshops are aimed at pupils from P5 to S2.

AÀA has continued successfully to deliver talks and lectures both in person and online, including some outreach work with communities such as Falkirk and Stranraer and hosting a field trip of a group from Sheep's Head Peninsula in West Cork, Ireland in the Rhins of Galloway. Lectures were given at the Scottish Place-name Society Spring Conference, the Society for Name Studies in Britain and Ireland Spring Conference and at the National Library for Scotland in Edinburgh.

Work on material for publication continues with the transcription of unpublished place-name papers by W. J. Watson in the final editing stages. The book is due to be launched in May 2026. The [Diack](#) place-name materials are fully transcribed and work is ongoing to create an online archive of the material.

### **Arts Development**

Sabhal Mòr Ostaig continues to develop and support opportunities for Gaelic artists to come to work within a supported and immersed Gaelic language community. Over the years, Sabhal Mòr Residency Artists have gone on to be hugely influential in the development of the Gaelic Arts and in inspiring successive cohorts of young and aspiring Gaelic Artists. Sabhal Mòr has delivered many of its programmes through developing strategic partnerships with a wide range of arts providers, at local, regional, national, and international levels.

Sabhal Mòr Ostaig also runs a highly successful international visual arts residency, in partnership with the New York based Jon Schueler Trust, attracting interest and applications from internationally renowned visual arts practitioners, placing SMO very firmly on the international visual

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

fhèin a-nis gu mòr am follais ann an saoghal nan ealain lèirsinne gu h-eadar-nàiseanta.

arts map.

Thug Covid buaidh mhòr air an obair seo. Cuideachd, ri linn mar a b' fheudar dhuinn Fàs – An t-Ionad airson nam Meadhanan agus nan Gnìomhachasan Cruthachail agus Cultarach – a dhùnadh, an t-àite san robh an luchd-ealain uile stèidhichte, chaidh am prògram airson luchd-ealain air mhuinntireas a chur dheth rè seala. Tha sinn air Oifigear Leasachaidh nan Ealain Gàidhlig fhastadh o chionn ghoirid agus chaidh Buidheann Comhairleachaidh nan Ealain a chur air chois gus comhairle a thoirt seachad air Ro-innleachdan agus gus cuideachadh le bhith ag ullachadh Ro-innleachd Ealain SMO. Tha an t-Oifigear Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean le Alba Chruthachail agus prìomh bhuidhnean poblach eile aig a bheil ùidh ann an Ealain nan Gàidhlig, leis an amas prògram an Luchd-ealain air Mhuinntireas a stèidheachadh as ùr, agus sinn an dòchas gun tòisich e ann an 2025-26 a-rithist. Tha sinn ag obair le Oifigearan Alba Chruthachail air diofar mholaidhean agus tha sinn an dòchas gun cuir sinn iarrtas maoinachaidh a-staigh a dh'aithghearr gus an urrainn dhuinn làn phrògram airson luchd-ealain air mhuinntireas a chur air dòigh a-rithist, airson Ceòl, Litreachas, na h-Ealain Lèirsinne agus Dràma.

Covid impacted heavily on this work and further to that, the forced closure of the Fàs Centre for Media and the Creative and Cultural industries, in which the artists' residencies were all housed, led to a temporary postponement of the programme. We have recently appointed a new Arts Development Officer and set up an Arts Advisory Group to advise on Strategy and to finalise the publication of the SMO Arts Strategy. The Arts Development Officer is now in talks with Creative Scotland and other key public bodies with an interest in the Gaelic Arts, towards the re-instatement of the Artists in Residence programme, which we hope will commence in 2025-26. We are working with Creative Scotland Officers on a range of new proposals and hope shortly to submit a funding application to enable the return of the full artists in residence programmes in, Music, Literature, Visual Arts and Drama.

### Adhartas is Obair san Ùine air Thoiseach

Tha Sabhal Mòr Ostaig air planaichean a stèidheachadh gus cur ris an obair againn mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, agus sinn a' togail air Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba agus air Achd nan Cànan Albannach 2025. Ann an earrainn 32 dhen Achd thathar ag ràdh gun toir Ministearan na h-Alba taic dhan iomairt gus leasachadh a thoirt air Sabhal Mòr Ostaig mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, tro, am measg ghnìomhan eile, sgrùdadh air ionmhas is inbhe Sabhal Mòr Ostaig. Bidh na co-dhùnidhean a nì Ministearan na h-Alba às dèidh an sgrùdaidh seo ann an 2026/27 fìor chudromach do mar a bhios an t-ionad a' tighinn air adhart san ùine air thoiseach.

### Future Developments

Sabhal Mòr Ostaig is planning for its development as the National Centre for Gaelic Language and Culture, building on the Scottish Government's National Gaelic Language Plan and the Scottish Languages Act 2025. The Act contains a section, section 32, where it is stated that Scottish Ministers will support the development of Sabhal Mòr Ostaig as the National Centre for Gaelic Language and Culture, through, among other measures, a review of its finance and of its status. The Scottish Ministers' response to the review in 2026/27 will be critical to the institution's future growth.

Am measg nam prìomhachasan a bhios ann sa bhliadhna air thoiseach tha:

- A' dèanamh ullachadh airson agus a' gabhail làn-phàirt ann an sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba air Sabhal Mòr Ostaig

Priorities for the coming year include:

- Prepare and take full part in the Scottish Government review of Sabhal Mòr Ostaig
- Continue to build on and strengthen the excellence of our academic provision

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

- A' cumail oirnn a' togail air agus a' toirt leudachadh is leasachadh air an t-sàr obair acadaimigich a tha sinn a' dèanamh
- A' cur taic ri pròiseactan nàiseanta agus a' neartachadh ar com-pàirteachasan le coimhearsnachdan is buidhnean nàiseanta
- A' cumail oirnn a' gleidheadh is a' cur ri ar n-oighreachd
- A' dèanamh adhartas le bhith a' lùghdachadh ar sgaoilidhean carboin
- A' dèanamh cinnteach gu bheil Sabhal Mòr Ostaig air stèidh sheasmhach a thaobh ionmhas
- Support our national projects and strengthen our partnerships with community and national organisations
- Continue to maintain and develop our capital estate
- Progress our work to reduce our carbon footprint.
- Ensure the financial sustainability of Sabhal Mòr Ostaig.

**Ath-sgrùdadh ionmhasail airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Iuchar 2025**  
Financial review for the year ended 31 July 2025

**Cinn-uidhe Ionmhasail**

'S iad cinn-uidhe ionmhasail na Colaiste:

- còrr bliadhnail a ghleidheadh
- tobraichean teachd-a-steach eile a lorg, tro roghainnean ciallach, a tha a' freagairt air bun-chomasan na Colaiste, agus a tha a rèir mar a dh'fheumar teachd-a-steach a chur ri ionmhas iomlan na Colaiste
- teachd-a-steach gu leòr a ghleidheadh a bheir taic do bhunait sho-mhaoinean na Colaiste
- tuilleadh pìsich a thoirt air mar as urrainn dhan Cholaiste ar cuid sho-mhaoinean a thionndadh gu airgead sa gheàrr-ùine
- gun cùm sinn oirnn a' cur airgead an seilbh phròiseactan calpa

**Financial objectives**

The College's financial objectives are to:

- achieve an annual surplus.
- pursue alternative sources of revenue, on a selective basis, consistent with the College's core competencies, and the need for a financial contribution to the College's overall finances
- generate sufficient levels of income to support the asset base of the College
- further improve the College's short-term liquidity
- fund continued capital investment

**Ath-sgrùdadh Ionmhasail**

Chithear an Aithris Aonaichte airson Teachd-a-steach iomlan airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Iuchar 2025 air duilleag 42 den aithisg seo.

Bha 2024-25 na bliadhna na bu dhùbhланаiche a thaobh ionmhas airson Sabhal Mòr Ostaig, agus cha robh bun-mhaoineachadh gu leòr ann, a dh'fhuirich an ìre mhath aig an ìre aig an robh e, gus pàigheadh airson nan cosgaisean a chaidh suas a-rithist. Fhuaras barrachd teachd-a-steach bho chisean oileanach is àiteachan-fuirich mar thoradh air àrdachadh air an àireimh de dh'oileanaich làn-thìde a bha air làrach na Colaiste.

Chaidh smachd a chumail air cosgaisean cho fad 's b' urrainnear, agus chaidh airgead a shàbhaladh seach nach deach dreuchdan a lìonadh, agus chuidich sin le bhith a' cumail smachd air

**Financial review**

The Consolidated Statement of Comprehensive Income for the year ending 31 July 2025 is set out on page 42 of this report.

2024-25 has been a more challenging year financially for Sabhal Mòr Ostaig, with continued increases in costs not being met by core funding, which remained largely flat. Increasing full-time, on-site student numbers leading to higher fee and accommodation income.

Costs were controlled as much as possible, with savings made by keeping positions vacant, which helped ease the pressure of inflation on salaries. However, the changes to employers national

# SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report

FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

atmhorachd ann an cosgais nan tuarastalan. Ge-tà, bha cosgais a bharrachd luach còrr is £25,000 ann thar nan ceithir mìosan mu dheireadh dhen bhliadhna acadaimigich ri linn atharraichean air na tha fastaichean a' pàigheadh airson àrachas nàiseanta.

insurance contributions added over £25k in cost over the last 4 months of the academic year.

Mar thoradh air seo uile bha easbhaidh de £(57,000) ann às dèidh call luach agus a bhith a' comharrachadh nan tabhartasan calpa ri thighinn a fhuaras. (2023/24: còrr de £36,000).

There is a resulting deficit of £(57)k after charging depreciation and crediting related deferred capital grants released. (2023/24: surplus of £36k).

Thòisich am pròiseact luach £2.4m am-bliadhna, a fhuair maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba, gus Sabhal Mòr Ostaig a chuideachadh le bhith a' gluasad gu Cothromachadh Carboin. Fhuair sinn tabhartasan luach £1.2m am-bliadhna gus a chosg air so-mhaoinean suidhichte, pannalan-grèine, pumpaichean-teas èadhair agus crann-gaoithe a bhios air an cur a-steach agus ag obair ro dheireadh a' Mhàirt 2026.

This year saw the start of a £2.4m project, funded by the Scottish Government, to aid the Sabhal Mòr Ostaig transition to Net Zero. In the year we received grants of £1.2m that support investment in fixed assets, solar panels, air source heat pumps and a wind turbine that are to be installed and operational by March 2026.

B' e an t-sùim-chothromachaidh airson airgid aig deireadh na bliadhna £708,000 (2023/24: £792,000), thàinig an lùghdachadh sin ri linn na h-easbhaidh a th' againn.

Cash balances at year end were £708k (2023/24: £792k), with the decrease a reflection of the deficit position.

Cha robh nithean sònraichte ann am-bliadhna.

There were no exceptional items in the year.

Thàinig lùghdachadh air cùl-stòr deireannach na Buidhne gu £2,180,000 (2023/24: £2,237,000).

The Group's closing reserves saw a decrease to £2,180k (2023/24: £2,237k).

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn an t-Suidheachaidh Obrachaidh mar a chaidh Atharrachadh, a sheallas coileanadh obrachaidh às dèidh dhuinn ealla a ghabhail ri nithean susbainteach fa leth no a nì fiaradh a dh'fheumas sinn a chomharrachadh fo SORP no nithean eile air nach robh smachd aig a' Cholaiste.

The table below shows the Adjusted Operating Position which is intended to reflect the underlying operating performance after allowing for material one-off or distorting items required by the SORP or the other items out with the control of the College.

	2024/25 £	2023/24 £
Còrr / (Easbhaidh) ro bhuannachdan is call eile Surplus / (Deficit) before other gains and losses	(56,669)	36,044
Call luach (às dèidh tabhartasan calpa air an cùil an dàil) ann an so-mhaoinean a fhuair maoineachadh bhon Riaghaltas agus bhon roinn phrìobhaidich Depreciation (net of deferred capital grant release) on both Government funded and privately funded asset	55,819	62,258
<b>Còrr/(easbhaidh) obrachaidh air atharrachadh / Adjusted operating (deficit)/surplus</b>	<b>(850)</b>	<b>98,302</b>

**SABHAL MÒR OSTAIG**  
**(A Company Limited by Guarantee)**  
**Group Report**  
**FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025**

**Sruthan Airgid agus So-mhaoineachas**

Sa bhliadhna seo bha sùim airgid lom a-mach aig a' Bhuidhinn luach £83,000 (2023/24 sùim airgid lom a-mach luach £285,000), agus sin a' sealltainn gun robh easbaidh againn sa bhliadhna.

**Inbhe Chìsean**

'S e companaidh carthannais a th' anns a' chompanaidh a rèir na cèille ann am Paragraf 1, Pàipear-taice 6 de dh'Achd an Ionmhais 2010. Mar sin, dh'fhaodadh gum bi saoradh ann dhan chompanaidh bho chìsean a thaobh cuid a sheòrsaichean teachd-a-steach agus bhuannachdan calpa a tha ainmichte ann an Caibideil 3 de Phàirt 11 de dh'Achd nan Cìsean Corporaid 2012 agus ann an earrainn 256 de dh'Achd nam Buannachdan air am Pàighear Cìsean 1992, fhad 's a tha leithid a theachd-a-steach no buannachdan ann air adhbharan carthannais.

**Prìomh chunnartan is adhbharan mì-chinnt**

Tha a' Cholaiste a' cumail orra a' toirt piseach air na siostaman in-smachd aca, leithid shiostaman gus rian a chumail air cùisean ionmhasail, obrachaidh agus air cunnartan agus na siostaman sin air an dealbh gus dìon a chur air so-mhaoinean is cliù na Colaiste. Bithear a' dèanamh ath-sgrùdadh air modhan in-smachd is modhan stiùiridh gach bliadhna mar phàirt dhen phlana ath-sgrùdaidh airson In-sgrùdadh.

A rèir na tha sa phlana ro-innleachdail, bidh a' Cholaiste a' dèanamh sgrùdadh farsaing gu cunbhalach air na cunnartan a th' ann dhan Cholaiste. Chaidh am poileasaidh is na modhan-obrach airson chunnartan ath-sgrùdadh sa bhliadhna a dh'fhalbh. Bithear a' sìor sgrùdadh is a' deasachadh na sgrìobhainne, clàr nan cunnartan ro-innleachdail, agus bithear ga cur air beulaibh a' Bhùird agus na Comataidh Sgrùdaidh gach ràith. Tha an sgrìobhainn sin a' comharrachadh nan cunnartan mu choinneimh gach prìomhachas ro-innleachdail, agus bithear a' cur an cèill dè na gnìomhan a thathar a' dèanamh gus buaidh chunnartan sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann a lùghdachadh agus bithear a' sealltainn adhartas leis gach gnìomh. Cuideachd, beachdaichidh a' Cholaiste air cunnartan sam bith a dh'fhaodadh èirigh mar thoradh air obair ùr a thèid a ghabhail os làimh.

Chaidh ùrachadh a dhèanamh air an Aithris air Ìrean Cunnairt ris an Gabhar airson 2025, agus chaidh cuspair ùr a chur rithe, slàinte is math dhaoine. San fharsaingeachd, chan eil a' Cholaiste airson gabhail ri cunnartan a thaobh math nan

**Cash Flows and Liquidity**

During the year the Group had net cash outflow of £83k (2023/24 cash outflow of £285k), reflecting the deficit position for the year.

**Taxation Status**

The company is a charitable company within the meaning of Paragraph 1, Schedule 6 Finance Act 2010. Accordingly, the company is potentially exempt from taxation in respect of income or capital gains received within categories covered by Chapter 3 of Part 11 of the Corporation Tax Act 2012 and section 256 of the Taxation of Chargeable Gains Act 1992 to the extent that such income or gains are applied for charitable purposes only.

**Key risks and uncertainties**

The College continues to improve systems of internal control, including financial, operational and risk management which are designed to protect the College's assets and reputation. Internal controls and management functions are reviewed annually as part of the Internal Audit review plan.

Based on the strategic plan, the College undertakes periodic comprehensive reviews of the risks to which the College is exposed. The risk policy and procedures were reviewed during the year. The strategic risk register is a live document which is presented quarterly to both the Board and the Audit Committee. It lists risks against each strategic priority, states what mitigating action is being taken to reduce any potential impact and tracks progress against each action. The College will consider any risks associated with new areas of work.

The Risk Appetite Statement has been through its 2025 update, with a new category of health & wellbeing added. Broadly speaking the College is risk averse when it comes to the wellbeing of its students, colleagues, neighbours and

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report

FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

oileanach, cho-obraichean, nàbaidhean agus cliù na Colaiste. Tha a' Cholaiste nas buailtiche dòighean-obrach innleachdach a chur an sàs airson teagasg is rannsachadh agus nuair a tha sinn a' coileanadh ar cinn-uidhe gus Gàidhlig a ghleidheadh is a neartachadh, agus sinn a' stèidheachadh àrainneachd fhoghlaim, ionnsachaidh, rannsachaidh agus phoileasaidhean Ghàidhlig.

Chithear gu h-ìosal mìneachadh air na prìomh chunnartan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air a' Cholaiste. Chan eil smachd aig a' Cholaiste air na thachras leis a h-uile gin dhiubh. Cuideachd, dh'fhaodadh cùisean eile nach eil a' nochdadh gu h-ìosal droch bhuaidh a thoirt air a' Cholaiste.

### 1. Maoinachadh bhon Roinn Phoblaich

Tha a' Cholaiste gu mòr an urra ri maoinachadh leantainneach bho Riaghaltas na h-Alba, an dà chuid bhon Riaghaltas fhèin agus bho na buidhnean aige. Ann an 2024/25, thàinig 46% (2023/24 - 50%) de theachd-a-steach na Colaiste bhon roinn phoblaich tro thabhartasan airson teagasg Gàidhlig agus obair co-cheangailte ri cultar. Leanaidh an ìre seo de mhaoineachadh ri linn mar a tha SMO an sàs ann am foghlam, ach chan eil gealltanais sam bith ann nach atharraich poileasaidh no modhan-obrach an Rìghaltas; thathar a' toirt fa-near gu bheil an riaghaltas a th' ann an-dràsta air aontachadh ri maoinachadh aig ìre stèidhichte airson na roinne airson an ath 3 bliadhna, fhad 's a tha ìre na h-atmhorachd aig ìre àrd san eaconamaidh.

Tha atharraichean air mar a tha an tabhartas gleidhidh bliadhnail airson calpa air a chomharrachadh a' sealltainn mar a dh'fhaodas poileasaidhean riaghaltais droch bhuaidh a thoirt air an t-suidheachadh ionmhasail aig institiud.

Nithear diofar rudan gus an cunnart seo a lùghdachadh:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaiste ag obair gu dìcheallach gus foghlam is trèanadh sàr-mhath a thoirt seachad;
- Nithear conaltradh cunbhalach ris na buidhnean maoinachaidh agus daoine eile bho thaobh a-muigh na Colaiste, agus sinn a' gleidheadh nan ceanglaichean cudromach a th' againn riutha;
- A' leudachadh air tobraichean teachd-a-steach eile agus a' dèanamh an fheum as motha as urrainnear dhen Oighreachd gus am bi barrachd maoinachaidh againn nach buin ris an Riaghaltas;
- A' cumail sùil gu dlùth air an diofar eadar na

reputation. The college is more likely to take an innovative approach to its approach to teaching and research and in the pursuit of its mission to secure and strengthen the Gaelic language, building the education, learning, research and policy environment relating to Gaelic.

Outlined below is a description of the key risks that affect the College. Not all the factors are within the College's control. Other factors besides those listed below may also adversely affect the College.

### 1. Public Sector funding

The College has considerable reliance on continued Scottish Government funding, both direct and through its agencies. In 2024/25, some 46% (2023/24 50%) of the College's total revenue was ultimately public funded through grants for the provision of teaching Gaelic and cultural activities. This level of funding will continue due to the educational nature of SMO's work, but there can be no assurance that government policy or practice will remain the same; it is noted that the current government has agreed to effective flat funding for the sector for the next 3 years, whilst facing a high inflation economic environment.

Changes to the classification of the annual capital maintenance grant highlights how changes in government policy can negatively impact the financial position of the institution.

This risk is mitigated in a number of ways:

- By ensuring the College is rigorous in delivering high quality education and training;
- Regular dialogue with the various funding bodies and external contacts, maintaining key relationships;
- Expand other income streams and maximizing Estate utilisation to increase the proportion of non-Government funding;

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

thachras a thaobh ionmhais agus na bha sa bhuidseat tro Phlanadh Ionmhasail airson dèiligeadh ri beàrnan sa bhuidseat.

- Close monitoring of actuals against budget with Scenario Planning for budget shortfalls.

### 2. Àireamh nan Oileanach

Feumaidh àireamh chunbhalach de dh'oileanaich, an dà chuid feadhainn air an làrach agus feadhainn air astar, a bhith aig a' Cholaiste agus iad airson ionnsachadh ann an Gàidhlig. Ma thig lùghdachadh sam bith air an àireimh de dh'oileanaich ùra gach bliadhna, bheir sin buaidh air na h-àireamhan airson an ath thrì no ceithir bliadhna. Tha lùghdachadh nach beag air a bhith ann san àireimh de sgoilearan bhios a' dèanamh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig Àrd-ìre bho 2012 agus sin gu h-àraidh a' toirt buaidh air an àireimh de dh'oileanaich FAI. Ged a tha an àireamh de sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig (Fileantaich) aig Àrd-ìre air a bhith a' dol am meud, tha còrr is 50 sa cheud de dhaoine a bhios a' cur a-staigh airson chùrsaichean làn-ùine nan luchd-ionnsachaidh. Mar sin, ged a tha an àireamh iomlan de dh'oileanaich air a bhith a' sìor dhol am meud gach bliadhna, chan eil cunbhalachd air a bhith ann idir a thaobh cia mheud oileanach a bhios againn a tha a' fuireach air làrach na Colaiste.

### 2. Student Numbers

The College is dependent on a steady stream of students, both residential and online learners, who wish to study through the medium of Gaelic. Any reduction in the new intake has an impact for the succeeding three or four years. There has been a significant reduction in the number of school pupils taking Higher Gaelic (learner) since 2012 affecting primarily HE student numbers. Whilst the number of pupils taking Higher Gàidhlig (fluent) has been increasing, learners now account for over 50 percent of all applicants for full-time study. Consequently, although the total number of students has continued to increase year on year, the number of residential students has become highly unpredictable.

Gus an cunnart seo a lùghdachadh, nithear na leanas:

- Margaidheachd fad is farsaing agus conaltradh gu cunbhalach ri roinnean nan àrd-sgoiltean
- Bidh luchd-teagaisg a' dèanamh barrachd co-chonaltraidh ri sgoiltean air feadh na bliadhna
- A' cumail oirnn a' dèanamh leasachadh is leudachadh air a' churraicealam gus frithealadh air na tha oileanach ag iarraidh, le cuideam ga chur air trèanadh thidsearan Gàidhlig agus leasachadh proifeiseanta
- A' dèanamh tagradh ris an riaghaltas gus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean agus gus cuideachadh le bhith ag àrdachadh na h-àireimh de sgoilearan a bhios a' dèanamh Gàidhlig
- A' dèanamh tagradh gus am bi na cùrsaichean bogaidh FAI aig SMO air an ath-chomharrachadh mar phàirt de bhuidhinn a gheibh pàigheadh nas àirde, agus le sin bhite a' gabhail ealla ris mar a tha fad a bharrachd uairean teagaisg a dhìth airson teagasg bogaidh
- A' dèanamh tagradh feuch am faigh oileanaich 'còigeamh' bliadhna mhaoinichte, gus an urrainn dhaibh an cùrsa 'bliadhna-gu-fileantas' a dhèanamh às dèidh dhaibh ceum a dhèanamh.

Mitigation measures include:

- Comprehensive marketing and regular communication with secondary school departments
- Increasing direct engagement by teaching staff with schools throughout the year
- Continuing to develop the curriculum offer to meet changing market requirements, with a focus on Gaelic teacher training and professional development
- Lobbying government to support Gaelic uptake and provision in secondary schools
- Lobbying for the reclassification of SMO's immersion HE courses into a higher-paid price group, reflecting the far higher number of contact hours in immersion language teaching
- Lobbying for students to have a funded 'fifth' year, to be able to do the year-to-fluency course after another degree.

### 3. Fàs / Mài Coimeirsealta

Tràth ann an 2022, rinn SMO co-dhùnadh doirbh gus an togalach Fàs a dhùnadh gus nach biodh

### 3. The Fàs Building / Commercial Letting Activity

In early 2022 SMO made the difficult decision to



## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

duine sam bith ann an cunnart, air sàillibh chùisean a chaidh a thogail ann an aithisg einnseanaireachd theicnigeach. Tha an togalach fhathast dùinte agus 's iad na prìomh chunnartan a tha romhainn:

*Chan fhaighear am maoineachadh a tha dhith gus an obair chàraidh a dhèanamh*

Gnìomhan lasachaidh: Tha 2 a-mach 3 dhe na prìomh bhuidhnean maoineachaidh air maoineachadh a ghealltainn agus tha an treas buidheann chom-pàirt a' cumail chòmhradh àrd-ìre le Ministearan Riaghaltas na h-Alba agus Ceannardan Roinne gus an tobar maoineachaidh / roinn as fhreagarraiche a chomharrachadh às an tig an caob mu dheireadh dhen mhaoineachadh.

*Dh'fhaodadh trioblaidean teicnigeach èirigh ris nach robh dùil an lùib na h-obrach càraidh*

Gnìomhan lasachaidh: Chaidh gach gnìomh lasachaidh as urrainnear a dhèanamh a chur air dòigh agus tha maoineachadh cùl-taig luach 20% ann airson a' phrògram air eagal 's gun èirich a leithid a thrioblaidean.

*Dàil sam bith sa phrògram obrach, air a h-adhbhrachadh le droch shìde*

Gnìomhan lasachaidh: Thèid Clàr-ama a' Phrògram Obrach ullachadh gus an gabh e atharrachadh ma dh'èireas suidheachadh mar sin.

close the Fàs Building to ensure there was no risk to users, due to issues highlighted in a technical engineering report. The building remains closed however and our key risks are:

*Failure to secure the necessary funding to carry out the works*

Mitigation : 2 out of 3 of our key funding partners have already committed their funding support and the third partner is now in high level discussions with Scottish Government Ministers and Department Heads to identify the most appropriate source / department for the final tranche of funding.

*Any unexpected technical issues arising from the remedial works*

Mitigation : All possible mitigating measures have been set in place and programme contingency funding of 20% is in place for any such scenario.

*Any delays to the works programme, caused by adverse weather conditions*

Mitigation: The Scheduling of Works Programme will be such as to be able to adapt to any such circumstances if they arise.

### 5. Atmhorachd agus Cosgaisean Bith-beò

Tha an t-àrdachadh ann an ìre na h-atmhorachd a' fàgail uallach air buidseatan na Colaiste, gu h-àraidh leis mar a tha maoineachadh an SFC a' fuireach aig an aon ìre. Tha uallach ann a thaobh thuarastalan leis mar a tha an Tuarastal Bith-beò Ceart air a dhol suas a rèir ìre na h-atmhorachd, agus leis mar a tha thuarastalan òraidichean air a dhol suas tron Phròiseas Co-rèiteachadh Pàighidh Nàiseanta airson òraidichean agus ri linn àrdachadh air na bhios Fastaichean a' Pàigheadh airson Àrachas Nàiseanta. Nithear na leanas gus an cunnart seo a lùghdachadh:

- Rianan buidseit làidir agus sgrùdadh ionmhasail mionaideach air an cur an sàs leis an sgioba stiùiridh
- Gun a bhith a' trusadh airson dhreuchdan bàna
- Planaichean airson modhan-rian nas làidire a chur an sàs, ma bhios feum orra agus aig àm freagarrach.

### Dàimh ri Luchd-ùidhe

Bidh a' Cholaiste a' cumail choinneamhan leis an luchd-ùidhe seo gu cunbhalach:

### 4. Inflation and Cost-of-Living

The College is exposed to budgetary pressures of current inflationary increases, especially as grant funding from the SFC is static. There is pressure on salaries with inflation-matching increases in the Real Living Wage, as well as substantial demands on lecturing salaries through shadowing of the National Pay Bargaining Process for lecturers and increase in Employers' National Insurance Contributions. The following measures are being taken to mitigate this risk:

- Strong budgetary controls and monitoring by the management team
- Not recruiting to vacant positions
- Plans for more stringent measures to be enacted if required, on a timely basis.

### Stakeholder Relationships

The College holds regular meetings with the following key stakeholders:

## SABHAL MÒR OSTAIG

(A Company Limited by Guarantee)

Group Report  
FOR YEAR ENDED 31 JULY 2025

- Riaghaltas na h-Alba
- Comhairle Maoineachaidh na h-Alba
- Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Bòrd na Gàidhlig
- Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Foghlam Alba
- The Scottish Government
- Scottish Funding Council
- Highlands and Islands Enterprise
- Bòrd na Gàidhlig
- University of the Highlands and Islands
- The Highland Council
- Education Scotland

Tha a' Cholaiste ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an dàimh a th' againn ris na buidhnean seo agus bidh conaltradh cunbhalach againn leotha tro leithid chuairt-litrichean, làraich eadar-lìn is eadar-lìn na Colaiste agus le bhith a' coinneachadh riutha. Cuideachd, tha Buidheann Luchd-maoineachaidh is Luchd-ùidhe aig a' Cholaiste a bhios a' coinneachadh nuair a bhios feum air coinneamh. Tha cothrom math le sin conaltradh brioghmhor a dhèanamh leis an luchd-ùidhe agus innse dhaibh mun adhartas againn agus na leasachaidhean as ùire.

### Aithris air Co-ionannachd Chothroman

Tha a' Cholaiste air cur romhpa co-ionannachd a chur air adhart do dhaoine air a bheil ciorram agus thathar a' cur fàilte orra ann an Coimhearsnachd na Colaiste. Tha iad cuideachd a' gabhail ris gum bi daoine le ciorram a' cur brìgh is luach ri beatha na Colaiste. Tha Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman aig a' Cholaiste. 'S e as adhbhar dhan phoileasaidh seo, dèanamh cinnteach gum bithear a' dèiligeadh ri luchd-obrach, oileanaich, luchd-cleachdaidh agus luchd-tadhail ann an dòigh cho-ionann, agus cha toir na leanas buaidh air sin: gnè, taobh gnèitheasach, suidheachadh pòsaidh, cinneadh, freumhan cinneadail no nàiseanta, dath, ciorram, aois, na tha neach a' creidsinn a thaobh creideimh no feallsanachd no ma tha neach nam ball / mura h-eil iad nam ball de dh'Aonadh Ciùird.

